



AN COMUNN GÀIDHEALACH

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

SAMHAIN 2021 / NOVEMBER 2021

TEACHDAIREACHD BHO TOSGAIRE NA GÀIDHLIG

"Meal do naidheachd Agnes, Tha sinn cho toilichte gun d' fhuair thu seo. Ach de th'ann an Tosgaire?"

Siud a chìad rud thuirt ban-nàbaidh ruim às dèidh leughadh mu dheidhinn sa phàipear agus gu dearbha cha do chuir mi umhail oirre. Ma dh'innseas mi an fhìrinne cha robh mi fhèin buileach cinnteach ach a' smuaineachadh air an dòigh simplidh bha mi dha fhaicinn mar chothrom a bhith a' bruidhinn air cuspair a tha dlùth dham chridhe.

Dhomhsa, mar thè a bhuineas do ghinealach far an robh sinn air ar cuairteachadh leis a' Ghàidhlig bho riamh, tha e fhathast duilich dhomh gabail ris gu bheil cùisean air atharrachadh cho mòr. Ach chan e dìreach co mhead duine tha bruidhinn th' air atharrachadh tha a' choimhairsnachd anns a bheil sinn beò air atharrachadh cuideachd. Tha sin fior eadar gu bheil sinn a' bruidhinn air a' bhaile mhòr no air a' bhaile bheag. Tha Gaidheil air imrich a dhèanamh airson foghlaim agus obraichean bho riamh agus tha sin fior chun an latha diug. Tha teaghlaichean eile a gluasad a-steach dhan na bailtean agus na h-eileanan againn agus 's iad sin tha cuideachadh le sgoiltean a chumail fosgailte agus gu math tric a' cur a chlann tro foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Tha bliadhna romham a nise son a' chuspair seo a thogail agus beagan cagnaидh a dhèanamh air an liuthad taobh a th' air. Chord e ruim bhith an Inbhir Nis aig a' Mhòd Nàiseanta o chionn ghoirid agus còmhchradh thaighinn air daoine bho thall sa bhos. Bha a h-uile duine ris na bhruidhinn mi cho taingeil gun d' fhuaireadh air a thighinn còmhla agus ceòl is òrain Ghàidhlig a chluinntinn. Ri linn a' għlasaidh tha sinn air fàs eòlach air tachartasan air-loidhne agus 's math gu robh a leithid ann, ach chan eil dad coltach ri bhith sa chuideachd agus tha mi an dòchas gu faigh sinn air an dà chuid a dhèanamh nas tric tron Gheamhradh tha romhainn.





AN COMUNN GÀIDHEALACH

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

MESSAGE FROM THE GAELIC AMBASSADOR

"Congratulations Agnes, we're so pleased that you have been honoured in this way, but tell me, what is a Tosgaire"?

This was my neighbour's warm greeting soon after reading about the news in the local paper and to be honest I wasn't surprised she asked the question because I wasn't entirely sure myself! I did think that at its simplest this was an opportunity to talk to others about a subject dear to my heart.

For me, as someone who grew up in a Gaelic speaking community surrounded by Gaelic, it is still hard for me to accept how much the community has changed in that respect. However, the reality is that our communities have changed in so many other ways too and it should be no surprise that the place of our language and culture has changed as well. That is true whether you live in the islands or in the cities. There is nothing new about Gaels being on the move and leaving home to further their education and seeking work, but what has changed is the number of people who are now choosing to come and live in these communities. To be honest, without these new families, schools, shops and many other services would be hard to sustain and those with young families are often the most enthusiastic supporters of Gaelic medium education which in turn creates a new generation of Gaelic speakers.

This is not a topic that can be characterized in simple binary terms and I hope that during the year ahead I will have the opportunity to have conversations with people who share my own love for the language as well as some who don't. I really enjoyed the opportunity to visit Inverness to attend the National Mod. It was apparent that people cherished the opportunity to meet up with old friends in a setting rich with Gaelic conversation and songs. Covid Lockdowns have encouraged us all to make good use of on-line events but nothing compares with sitting together. I look forward to continuing this conversation over the winter, either virtually or in-person.





AN COMUNN GÀIDHEALACH

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

MÒD NÀISEANTA RÌOGHAIL PHEART 2022, CLÀRAN-EAGAIR AGUS PIOSAN AIMICHTE GAM FOILLSEACHADH

Tha e na thlachd don Chomunn Ghàidhealach clàran-eagair farpaisean agus pìosan ainmichte Mòd Pheart 2022 fhoillseachadh. Bidh Mòd Pheart a' dol eadar an 14mh agus an 22mh den Dàmhair 2022, nuair a thilleas am Mòd chun a' bhaile airson a' chiad uair bho 2004.

Rinneadh ath-sgrùdadhbh agus co-chomhairleachadh nas tràithe am bliadhna le buidheann-obrach agus com-pàirteachaidh, 's thathas air farpaisean ùra a chur ri clàr-fharpaisean na cloinne. Nam measg tha 'Cogadh nan Còmhlan' neo 'Battle of the Bands' agus farpais tro mheadhain 'Tik Tok' ann an roinn nam meadhanan. Bidh dreach ùr air farpaisean còmhraidh, ann an oidhrip còmhradh nas nàdarrache a bhrosnachadh a-measg an òigridh. Thèid tuilleadh fiosrachaидh fhoillseachadh mun seo ann an ùine gun a bhith fada.

Tha farpaisean ùra ann an clàran-eagair nan inbheach cuideachd. Nam measg, farpais ùr do chòisirean le taic ciùil, farpais a bhios ag amas air co-sheirm do bhuidhnean le eadar 5 agus 10 seinneadairean. Bidh farpais ùr fon ainm 'The CalMac Competition' fosgailte do sheinneadairean aon-neach, ann an roinn an luchd-ionnsachaidh.

Bha Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna sa ann an Inbhir Nis na cheum gu math cudromach a thaobh slighe air ais gu Mòd gu tur 'àbhaisteach' ann am Peart an ath-bhliadhna. Chaidh Mòd soirbheachail a lìbhrigeadh air loidhne ann an 2020, mar thoradh air COVID-19 agus chaidh Mòd Inbhir Nis a chumail an dà chuid ann an dà-rireabh aig Talla Cluiche Chùirt an Aodainn agus air loidhne. Tha sinn toilichte innse gum bi farpaisean air loidhne nam pàirt de Mhòd Pheart 2022 cuideachd. Gheibhear tuilleadh fiosrachaيدh mu na roinnnean eadar-dhealaichte air a' chlàr-eagair, tro làrach-lion a' Chomuinn.

Tha e cuideachd na thlachd don Chomunn foillseachadh gu bheilear air a bhith ag obair ann an co-bhuinn le Comunn Farpais nam Piobairean airson farpaisean do dh' inbhich eadar irean A, Premier agus B. Bidh Piobaireachd, Caismeachd, Strathspèidh agus Ruidhle nam pàirt de na farpaisean seo. 'S iad Comunn Farpais nam Piobairean a bhios a' dèiligeadh ri iarrasan airson nam farpaisean seo tron làrach-lion aca. 'S e ceithir port a bhios riatanach anns gach farpais. Airson tuilleadh fiosrachaيدh, curibh brath gu rùnaire Comunn Farpais nam Piobairean aig: cpa_sec@yahoo.co.uk.

Bu mhath leinn cur an cuimhne dhaoine gum bu chòir fuinn nam pìosan ciùil ainmichte a sheinn mar a tha iad sgrìobhte. Ach, gu faodar ruitheam nam pongan-ciùil a ghabhail a-rèir na Gàidhlig agus dual-chainnt. Tha an t-atharrachadh seo ag amas air cothrom a thoirt do dh' fharpaisich an dreach fhèin a thoirt air na h-òrain agus a bhith nas cruthachaile.

Mar phàirt de na h-atharrachaidhean, tha cruth eadar-dhealaichte air farpaisean na cloinne. 'S ann stèidhichte air a' chlas a bhios pàistean aig àm a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail a bhios cuid de na farpaisean. Thathas air mìneachadh as ùire a dhealbhachadh a thaobh fileantas do sgoiltean neo aonadan tro mheadhan na Gàidhlig. Tha stiùireadh a thaobh nan clàran-eagar ùr airson teaghlaichean, sgoiltean agus pàrantan cuideachd ga fhoillseachadh, feuch tuilleadh fiosrachaيدh agus taice a thoirt do dh' fharpisich. Gheibhear seo aig www.ancomunn.co.uk

Gheibhear cuideachd na clàran-eagair aig www.ancomunn.co.uk agus na pìosan ainmichte gu lèir airson Mòd 2022 aig www.ancomunn.co.uk/store. Airson tuilleadh fiosrachaيدh, curibh fios gu info@ancomunn.co.uk. Neo air a fòn- 01851 703487.



AN COMUNN GÀIDHEALACH

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

ROYAL NATIONAL MÒD, PERTH 2022, SYLLABUSES AND PRESCRIBED PIECES PUBLISHED

An Comunn Gàidhealach is delighted to publish the competition syllabuses and prescribed pieces for Mòd Pheairt 2022. The Mòd in Perth will take place from 14-22 October 2022 and will be the first time the city has held the event since 2004.

Following a review and consultation carried out by An Comunn Gàidhealach earlier this year in conjunction with a focus group and partners, new competitions have been added to the junior competition syllabus including a 'Battle of the Bands' brand of competition, 'Cogadh nan Còmhlan', and a new 'Tik Tok' competition in the media category. A new format for conversation has also been devised to encourage more natural conversation among young people, which will replace the previous conversational competitions. More details on this will be published in due course.

Amendments to the senior competition syllabus includes an accompanied choirs' competition, a competition aimed at harmony singing groups consisting of between five and ten singers, and a new solo singing contest, 'The CalMac Competition', open to adult learners.

This year's Royal National Mòd in Inverness was an important milestone in achieving what is hoped will be a more conventional Mòd in Perth next year. On the back of delivering a successful online Mòd in 2020 due to the COVID-19 pandemic and a hybrid event consisting of online events as well as physical events this year in Inverness, An Comunn Gàidhealach is pleased to announce the retention of an online competition element. Details of these competitions can be found in the online syllabus.

In another change to the senior syllabus, An Comunn Gàidhealach and The Competing Pipers Association are excited to announce a graded contest for senior pipers. The senior piping events will feature A & Premier and B Grade competitions, and both grades will have a Piobaireachd, and March, Strathspey and Reel event. The Competing Pipers Association will manage entries for the contest through their website which will open for entries ahead of the event. The A & P Grade and B Grade will require the standard four tunes for each competition. For more information regarding the contest, please contact the Competing Pipers Association secretary at: cpa_sec@yahoo.co.uk.

An Comunn Gàidhealach also wishes to remind competitors that the version of the melody provided on prescribed sheet music should be sung as written. However, the rhythms of the notes can be sung taking account of Gaelic stresses and local dialect variations. This change is aimed at allowing competitors more creativity and originality in their performances.

As part of the amendments, changes have also been made to the junior competition structure. Most competitions for children in the primary school will be based on their class at the time of the Royal National Mòd. A new definition has also been created regarding fluency within a Gaelic Medium School or Unit. Guidelines for families, teachers and parents relating to the syllabus is also being published to offer further support and information to participants. This can be found at www.ancomunn.co.uk

For full details of the Mòd 2022 syllabuses visit www.ancomunn.co.uk and for prescribed pieces for Mòd 2022, visit www.ancomunn.co.uk/store. For more information contact An Comunn Gàidhealach at info@ancomunn.co.uk, phone: 01851 703487.

TACHARTASAN MÒD 2021 FHATHAST RI FHAOTAINN AIR-LOIDHNE

Tha clàraighean bho seachdain a' Mhòid fhathast ri fhaotainn air duilleag Facebook a' Mhòid agus air seanal YouTube a' Chomuinn. Mar sin, mur a d' fhuair sibh cothrom am faicinn aig an àm, no ma tha sibh airson am faicinn a-rithist, 's urrainnear am faicinn aig àm sam bith!

Taing mhòr a-rithist dhan a h-uile duine a ghabh páirt ann am farpaisean na bliadhna seo.



MÒD 2021 EVENTS STILL AVAILABLE ONLINE

The Mod online showcase programmes are still available to view online, so if you missed them at the time, or would like to watch them again, you can do so at any time.

Many thanks again to all who took part in this year's competitions!



TACHARTASAN AIR MYPLAYER

Chaidh sleath de chuirmean air-leth a chumail thairis air seachain a' Mhoid ann an Cuirt Eden agus chaith iad uile an craoladh beo air-loidhne air Myplayer.

Tha na programan seo fhathast ri fhaotainn air-loidhne. Tadhlaibh air duilleag a' Mhoid air Myplayer agus gheibhearr liosta de na Cuirmean an sin.

www.myplayer.uk/mod

MYPLAYER EVENTS

A series of fantastic concerts and events took place in Eden Court during Mod week and these were also broadcast live online via Myplayer.

These programmes are still available online. If you would like to watch these, visit the Mod page on Myplayer, where you will find the full list of available concerts.

www.myplayer.uk/mod

A screenshot of the Myplayer website showing a grid of video thumbnails for various Mod 2021 events. The events listed are:

- Medal PPV
- Cuirn nan Còisir Dihaoine / Choir Event Friday PPV
- Cuirn Criochnachaidh a' Mhòid / Mòd Grand Finale PPV
- Fàilte gu MyPlayer aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail 2021
- Cuirn Fosglaidh a' Mhòid / Opening Mòd Concert PPV
- Ar Cànan 'S Ar Ceòl / Our Language Our Music PPV
- An Ear / East
- Bonn Òr a' Chomuinn / Gold Medal
- A' Chlàrsach aig a' Mhòd / The Clàrsach at the Mòd
- Cuirn nan Còisir Diardaoin / Choir Event Thursday
- An t-Seann Nòs / The Traditional Gold Medal
- Cuirn nan Còisir Dihaoine / Choir Event Friday
- Cuirn Criochnachaidh a' Mhòid / Mòd Grand Finale

Each event thumbnail has a 'Watch' button below it.

TORAIDHEAN

Tha toraidhean farpaisean Mòd Nàiseanta Rìoghail 2021 ri fhaotainn air an làrach-lìn againn.

Gheibhearr toraidhean airson farpaisean air-loidhne agus farpaisesan Cùirt Eden le bhith a' tadhail air an duilleag gu h-iosal.

TORAIDHEAN

DEALBHAN MÒD 2021

Tha taghadh de dhealbhan againn bho Mòd Nàiseanta Rìoghail 2021 rin lorg air an làrach-lìn againn.

Ma tha sibh airson leth-bhreac de dheilbh sam bith a cheannach, cuirbh fios gu Elaine Livingstone air post-d gu elaine@elainelivingstone.com



RESULTS

You can find results for all of this year's Royal National Mod competitions on our website.

To view results for both online and Eden Court competitions, please click on the following link.

RESULTS

MOD 2021 PHOTOS

A selection of photos from the Royal National Mod 2021 can be found on our website.

Should you wish to purchase any copies of these photos, please contact Elaine Livingstone, official Mod photographer, by emailing elaine@elainelivingstone.com



LÀN-DÙIL AIR GEÀRR-LIOSTA AIRSON DUAIS TRAD

Tha sinn air leth toilichte gu bheil pròiseact Làn-Dùil air geàrr-liosta airson Duais Trad san roinn Cuirm air Loidhne na Blìadhna 2021.

Dh'obraich An Comunn Gàidhealach gu dlùth ri Soisgeul gus am pròiseact seo a libhrieadh agus abair gu bheil sinn a' dèanamh fiughair ri Cuirm nan Duaisean!

Meal an naidheachd dhan a h-uile duine a chaidh ainmeachadh air geàrr-liostaichean airson duais agus gur math a thèid leibh!



SUIRBHIDH MOD 2021

Chaidh suirbhidh a dhèanamh anns na seachdainean a-chaidh seachad, a' trusadh beachdan bhon fheadhainn a ghabh pàirt agus a bha an làthair aig Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna-sa ann an Inbhir Nis agus air-loidhne. 'S e companaidh neo-eisimeileach a tha a' dèanamh an rannsachadh seo agus thèid na toraidhean a thoirt do Bhòrd Stiùridh a' Chomuinn. Ghàidhealaich agus thèid an cleachdad leis a' bhuidhinn airson leasachadh agus piseach a thoirt air an tachartas sna bliadhnaichean ri teachd.

Chaidh ainmean gach neach a ghabh pàirt anns an suirbhidh a chur air adhart airson cothrom dà thiocaid a bhuannachadh airson cuirm "Gruth is Uachdar", aig Blas 2021.

Chaidh a chuirn chiùil mhìorbhaileach seo a chumail ann an Cathair-eaglais Inbhir Nis, air Disathairne 27mh An t-Samhainn. 'B e Hazel Williams, à Inbhir Nis a bhuanach na ticeadan seo - tha sinn an dòchas gun do chòrd an tachartas ribh, Hazel!

LÀN-DÙIL NOMINATED FOR TRAD AWARD

We're very happy to have been involved in the Làn-Dùil project that has been nominated for a Trad Award in the Online Performance of 2021 category.

An Comunn Gàidhealach worked closely with Soisgeul to deliver the project.

Well done to all those nominated - we can't wait to hear the results!



MOD 2021 SURVEY

A survey was recently carried out by an independent research company, to gain feedback from this year's Royal National Mod participants and attendees. The findings will be presented at a future meeting of the Board of An Comunn and used by the management team to help develop future Royal National Mòd events.

Each participant that completed the survey was automatically entered into a prize draw for the chance to win two tickets to attend the "Gruth is Uachdar" concert at the Blas Festival 2021.

The concert took place in Inverness Cathedral on Saturday 27th November. Hazel Williams from Inverness was the lucky winner - we hope you enjoyed the concert, Hazel!



MÒD OBAR PHEALLAIDH AIR-LOIDHNE

Cho dhùin comataidh Mòd Pheairt & Aonghais nach biodh e freagarrach am Mòd againn a chumail anns an t-Ògmhios 2020 agus san Ògmhios 2021. An àite sin cho-dhùin an Comataidh gum biodh e freagarrach e-Mòd beag a chumail air an deireadh-sheachdain mu dheireadh anns an t-Samhain – timcheall air latha Naomh Anndra.

Mar a bhiodh dùil bha na h-àireamhan a bha a' gabhail pàirt nas isle na Mòd àbhaisteach ach, tha an fheadhainn a ghabh pàirt ri moladh airson an oidhrip a rinn iad.

Tha prògram an e-Mòd ri fhaighinn air Facebook agus air You Tube. Gheibhear ceangal bho làrach-lìn www.aberfeldymod.org.uk.

Mar phàirt dha e-Mòd Obar Pheallaidh 2021 tha an làrach-lìn seo cuideachd a' toirt thugaibh rudan eile:

- leughaidhean leis an ùghdar, Graham Cooper, bhon leabhar aige "Dà Shamhradh ann an Raineach";
- taisbeannadh le Oifigear Gàidhlig Pheairt & Ceann Rois, Aileen Ogilvie, leis an tiotal "Gàidhlig ann an Siòrrachd Pheairt Dùthchail";
- ceanglaichean gu agallamhan anns a Ghàidhlig le dithis a bha an sàs gu mòr ann am Mòd Obar Pheallaidh. Bha Helen T Nic a' Mhaoillein as an t-eilean Mhuileach, ach chuir i seachad mòran dha beatha ann an Glaschu agus an uairsin ann an Obar Pheallaidh.

Bhuannaich i am Bonn Òr aig Mòd Inbhir Pheofharain ann a 1931. Èistibh ri Helen T a' bruidhinn ri Ùisdean Mac 'Ill Finnein airson Sgoil Eòlais na h-Alba ann an 1985 air an ceangal a tha air a thoirt seachad. Tha ceangal eile air a larach seo gu agallamh le Petrine Stiùbhart, aon dha na luchd-labhairt dùthchasach mu dheireadh aig an robh Gàidhlig Siòrrachd Pheairt agus a bhuanach am Bonn Òr ann a 1937 aig a' Mhòd ann an Dùn Dè.

(Taing gu Sgoil Eòlais na h-Alba airson cead gach ceangal a chleachadh)



ABERFELDY MOD ONLINE

The Perthshire & Angus Mod committee was unable to stage the local Mod in June 2020 and in June 2021. In the absence of a local Mòd, the Committee decided to stage a virtual e-Mod on the St Andrews weekend at the end of November 2021.


As we expected the numbers participating were lower than a normal Mod but, those who participated are to be commended for the efforts they all made.

A Mod programme is available on Facebook and You Tube. It can be accessed from the website www.aberfeldymod.org.uk

As a part of the 2021 Aberfeldy e-Mod the website also contains:

- readings by the author, Graham Cooper, from his book "Da Shamhradh ann an Raineach";
- a presentation by the Perth & Kinross Council Gaelic Officer, Aileen Ogilvie, entitled "Gaelic in Rural Perthshire";
- links to interviews with two individuals who were heavily involved in the Aberfeldy Mòd over many years. Although Helen T Macmillan was from the island of Mull she spent much of her adult life in Glasgow and then in Aberfeldy. She won the Gold Medal at the Dingwall Mod in 1931. Listen to Helen T being interviewed by Hugh Dan MacLennan for the School of Scottish Studies in 1985 on the link provided. Similarly, a link is provided to an interview with Petrine Stewart, one of the last native speakers of Rannoch Perthshire Gaelic and winner of the 1937 Gold Medal at the Mod held in Dundee.

(Grateful thanks to the School of Scottish Studies for allowing the links to the collection)



Mòd Ionadail Shiorrachd Pheairt agus Aonghais
Perthshire and Angus Provincial Mod 2021

CÒISIR ÒG GHÀIDHLIG NA H-EAGLAISE BRICE 60!

Tha Còisir Òg Ghàidhlig na h-Eaglaise Brice a' comharrachadh 60 bliadhna air a bhliadhna seo. Chaith a' chòisir a stèidheachadh ann an 1961 agus b' ann an 1967 a ghabh iad pàirt aig Mòd airson a' chìad uair, agus tha iad air a bhith a' gabhail pàirt anns gach Mòd Nàiseanta Rioghail bhon uairsin – mìorbhailleach!

Bu mhath leinn mar chòisir, taing a thoirt do gach buidheann a tha air taic a thoirt dhuinn thairis air na bliadhnaichean. Gu sònraichte, Comhairle na h-Eaglaise Brice agus Comhairle Siorrachd Lanraig a-Tuath, Bòrd na Gàidhlig, Comataidhean a' Mhòd Ionadail agus a' Mhòd Nàiseanta Rioghail agus gach buidheann agus cathrannas eile a tha air taic airgid a thoirt dhan chòisir agus a thug cuireadh dhaibh a dhol a sheinn aig tachartasan thairis air na bliadhnaichean – taing mhòr dhuibh uile.

Taing mhòr do na stiùirichean agus gach neach a thug taic leis a' Ghàidhlig thairis air na bliadhnaichean cuideachd. Tha sinn a' cuimhneachadh gu sònraichte air Màiri Anna Brown, a chaochail ann an 2020. Bha Màiri Anna an lùib a' Chòisir airson 39 bliadhna, tha ionndrainn mhòr oirre. Taing mhòr do Mhàiri NicGilleathain, a tha air a bhith na stiùiriche airson 35 bliadhna – taing mhòr airson na tha sibh a' dèanamh.

Tha a' chlann a tha air a bhith anns a' chòisir thairis air na bliadhnaichean, uile air a bhith mìorbhailleach. Bidh clann eadar aois 7 agus 19 a' gabhail pàirt anns a' chòisir agus bidh iad uile cho dìcheallach, ag obair cho cruaidh air na h-òrain aca.

Mealaibh ur naidheachd Còisir Òg Ghàidhlig na h-Eaglaise Brice airson 60 bliadhna a' ruighinn!

FALKIRK JUNIOR GAELIC CHOIR 60!

Falkirk Junior Gaelic Choir marks its 60th Anniversary this year. Founded in 1961 the choir entered its' first Mod in 1967 and has competed at every single Royal National Mod since, quite an achievement!

The choir would like to take this opportunity to thank the many organisations who have supported us over the years. In particular Falkirk and North Lanarkshire Councils and Schools, Bòrd Na Gàidhlig, Provincial and National Mòd committees and the many community groups and charities that have contributed financially and/or invited the children to sing for them across the years -thank you one and all.

To Conductors and Gaelic readers past and present, thank you. A special mention must go to Gaelic Reader, Mary Ann Brown, who very sadly passed in 2020 after 39 years with the choir, she will be greatly missed. To Mary MacLean, Conductor for the past 35 years, a big shout out. Thank you Mary for all your hard work and dedication. The children, too many of whom have passed through the practice room doors to mention, have been amazing. Ranging in age from 7 to 19 they work so hard and consistently perform their pieces beautifully.

Congratulations on your 60th Anniversary Falkirk Junior Gaelic choir!





MEUR INBHIR NIS

COINNEAMH BHLIADHNAIL / AGM

7 DÙBLACHD / DECEMBER

7F/PM

TAIGH-ÒSTA CHIEFTAIN / CHIEFTAIN HOTEL

INBHIR NIS / INVERNESS

BIDH FÀILTE CHRIDHEIL ROMHAIBH!

DUAISEAN MÒD 2019 RI THILLEADH

Ma tha duaisean agaibh fhathast bho Mòd Ghlaschu 2019, bu chòrr dhuibh fios a chur thugainn cho luath's a ghabhas.

Cuiribh fòn gu Seonag air 01463 709 705 airson ceann-latha agus uair a chur air dòigh.

Mòran taing.

OVERDUE MOD 2019 TROPHIES

If you still have trophies to return from Mod 2019 in Glasgow, please contact us immediately to arrange their return.

All trophies MUST be returned no later than Friday 17th December.

Please contact Seonag on 01463 709 705 to arrange a suitable time.

Mòran taing.



BÀRD A' CHOMUINN 2021 - RODY GORMAN

- Nochd dàn ùr leam 'Aisling' às an t-sreath *Ri Linn Glasadh an t-Sluaigh air an làraich-lìn aig Comhairle nan Leabhrachean agus rinn mi agallamh mu dheidhinn air a' BhBC air 4 Samhain.*
- <https://www.gaelicbooks.org/aisling-dan-le-rody-gorman?lang=gd>.

Aisling

Agus an là glan geal a' glasadh
Agus an t-side mharbh a' mùthadh,
Sheas mi gu h-àrd air Bealach Garbh
Shìos fo mo chois na chnoc-seallaidh
Gun duine nam ghaoith 's gun ghuth
'S chunna mi 'n Cuan Sgìth bhream air faire

'S e na chlàr-deighe 's na raon-dile
'S na fhairge throm ag èirigh tide mu seach
Agus thall san àird a tuath Cuan Uibhist
Agus nam aisling ann saothair mun tràigh
'S iomadh blàth mun mhachair agus bodha
'S mun t-slat-mhara caochladh ròn is dhòbhran

Far am biodh nan linn de chlann-daoine
'S bha 'n talamh-iséal ud a' dol fon uisge
Mar Thir fo Thuinn agus Tir a' Gheallaidh
Shuas aig deas agus Eileanan an Àigh
'S mealbhain Thiriodh is na Hearadh ìleach, tha fios,
A' nochdadadh dìreach tiota no dhà 's a' falbh a-rithist

Anns a' ghrèin a' dol seachad is a' dol fodha
'S Ròcabarraigh sa cheann mu dheireadh a' tighinn ris
Is, mo lom, de sgrios mar a chuireadh air mhanadh
Leis na Gàidheil nan aimsir fhèin bho chionn fhada,
Mo chreach is mo lèir, an t-saoghal, gun tighinn
Air Tuvalu 's Palau 's Kiribati 's Grenada.

Tha an dàn seo a' bualadh air COP26 a bha a' dol ann an Glaschu aig an àm, far an robh cuideachd dàin eile leam an cois an taisbeanaidh aig an fhear-ealaín Ruairidh MacDhonnchaidh, *Bho Bheul an Eòin*.

- B' ann air 2 Samhain a bha a' chiad chuirn-chiùil o chionn an ìre mhath 2 bhliadhna le Bob Dylan <https://www.youtube.com/watch?v=yt-NH0WDuNY> mar chuid den Turas ud Gun Cheann a thòisich ann an 1988. Chaidh a cumail ann an Taigh-cluiche Taobh na h-Aibhne ann am Meall Bhailcidh agus, rud a bha freagarrach, b' e chiad òran a sheinn e A' Coimhead air an Abhainn a' Ruith. A bharrachd air a' chiad chluiche air beulaibh luchd-èisteachd de na h-òrain air fad air a' chlàr as ùire leis Dòighean Garbh Gleadhach (ach a-mhàin Am Murt as Motha Feall mu bhàis lain MhicUalraig agus Ag Caitheamh Léim Dhroichead na nAlt), chaidh car ùr a chur ri òrain stèidhichte cuideachd: ann an Car Beag ann an Adharc an Dàin 'You should have met me back in '58/We could have avoided this little simple twist of fate' and ann am Feumaidh tu Frithealadh air Cuid air Chòreigin 'You might be on the highway or the coast/You might be hallucinating/You might think you've seen a ghost'. B' e am fear mu dheireadh a ghabh Dylan (agus le guth-seinn às ùr) An Carbad:

An Carbad

Bidh mi siubhal o mhoch gu dubh leam fhìn an carbad
'S air mo chois an cois an dorais fad na h-oidhch' air fad.
Ma shiùbhlas mi air mullach an t-slèibh' ud thall, mo sgrios!
Is mura tèid agam air, thèid aig mo ghaol, tha fios.

Nach grinn a' ghealach, a' deàrrsadhbh air bhàrr nan crann
'S nach gasta 'm fear-stiùridh againn 's e a' siubhal na dheann
'S a' ghrian a' dol sios cho ciùin is cho rèidh
Ris an tè a th' ann 's i ri ruith 's ri ruith nam dhèidh.

Tha 'n geomhradh is an reothadh air nochdadadh mun taigh a-nis
Chaidh mi a chur an cèill do chàch na bha mi 'm beachd cur ris.
Tha mi 'g iarraidh bhith ri leanannachd leat fhèin seach ri feall.
Na can rium nach tug mi rabhadh dhut ma thèid an carbad air chall.

- Rinn mi agallamh 13 Samhain le Tristan Rosenstock air An Cúinne Dána air Radio na Gaeltachta <https://www.rte.ie/radio/rnag/an-cuinne-dana/> le clàradh de na dàin 'Na Bliadhnaichean' agus 'Dùsgadh' às an t-sreath ud *Glasadh* a bha mar chuid de dh'fhèis IMRAM 16 Samhain. Bha earrann mun aon sreath san *Irish Times* 11 Samhain agus air *Books for Breakfast* 13 Samhain cuideachd, agus clàradh den dàn 'Slacadaich'. Tha am film dheth *Glasadh* le dealbhan le Mairéad Ní Longargáin agus ceòl le Liam Grannd ri fhaotainn air YouTube a-nis. Am measg nan rudan eile a' dol aig IMRAM am-bliadhna bha dreach Gaeilge air òrain le John Prine, air bàrdachd le George Trakl agus air haiku le Issa. Bidh dàin eile leam gan craoladh mar *Turas* mar chuid de dh'IMRAM air 12 Dùblachd cuideachd, le dealbhan le Mairéad agus ceòl le Seán Mac an Fhir Léinn.

Na Bliadhnaichean

Bha siud ann reimhid
Mar a thuirt am bodach eile -

*Chunnaic sinn Bliadhna 'n Earrach Dhuibh
'S Bliadhna 'n t-Sneachda Bhuidhe,*

*Chunnaic sinn Bliadhna 'a' Bharra Ghoirid
Is Bliadhna na h-Eòrna Geàrr,*

*Chunnaic sinn Bliadhna 'n Teasa Mhòir
Is Bliadhna 'n Losgaidh.*

*Chunnaic sinn Bliadhna Theàrlaich
Is Bliadhna nan Caorach Mòra,*

*Chunnaic sinn Bliadhna 'a' Bhrisidh
'S chunnaic sinn Bliadhna 'a' Ghaisidh*

*Chunnaic sinn Bliadhna 'n Fhaomaidh
'S Bliadhna 'n Tìllidh Dhachaigh,*

*Chunnaic sinn Bliadhna na Ruithe Duibhe
'S chunnaic sinn Bliadhna Tuil Ùige,*

*Chunnaic sinn Bliadhna nan Soithichean Loisgte
'S an uair sin Bliadhna na h-Iolaire,*

*'S e th' againn an-dràsta direach
Bliadhna Glasadh an t-Sluaigh.*

- Tha mi air cuireadh fhaighinn haiku leam a leughadh aig oidhche ga cur air dòigh air an Lìon le Cercle littéraire irlandais ann am Paras san Fhaoilleanach 2022 le bàird eile, Tess Gallagher nam measg.
- Tha mi air dàn ùr a chur ris an t-sreath *Suibhne*, a tha stèidhichte air §§31 & 55 den sgeul *Buile Shuibhne*. Tha an dàn, air a bheil 'Dealbh', ann an *lingua gadelica*, mar a th' agam air a' mheasgadh eadar an dà chànan:

Dealbh

Is amhlaidh a bhí Erin
An t-am sin ar feis le Guaire
Oir b' i Erin a bu bhean do Shuibhne.
Chuaigh Guaire ag seilg an lá sin.
Shuidh 'n geilt aig doras a' bhotha
San robh Erin agus thuirt e:
*An cuimhin leat, a nighean, ars' e,
An grá mór a thugamar dá chéile
An t-ionú a bhíomar mar aon?*
Ach is suanach sáil duitse
Agus chan ann dhomhsa;
'S d'fheagair Èirinn e:

*Dar liom, arsa an iníon, nach fearr
Do chiall gach là a thig ort
Agus bho nach àill leat fanachd againn,
Déan imeacht
Agus na h-áitigh chugainn idir,
Dòigh 's nàr leinn t' fhaicinn
Fon dealbh sin do na daoine
A chonaic thú faoi do dheilbh féin.*

AN COMUNN BÀRD 2021 - RODY GORMAN

- A new poem of mine 'Aisling' from the sequence *Over a Hundred Days of Solitude in the Highlands* was posted on the website of the Gaelic Books Council and I did an interview about it on the BBC 4 November <https://www.gaelicbooks.org/aisling-dan-le-rody-gorman?lang=gd>

With whitebright daylight greengraylocking and the deadsultry weather noveltykillchanging, I stood up on Bealach Garbh down underfoot as a watch-hill with not a manperson windnear me or a bardtaunvoice and I saw the Minch over there on the dawnhorizon like an ice-sheet and a floodplain and a pregnantdeepheavy angryswellsea rising times about and over in the farmpeoplecountrynorth the Little Minch and in my dream there a birth-paintidal-island around the tideshore and many a warmwhiteflower around the low-lyinglevelsandybeachmachairplain and submerged brakerrock and around the pizzletangle dyingchangeseveral fetterfrothseals and wet-placebeaverotters where there used to be manpersonchildren in their generationtime and the lowlands were going under water like Atlantis and the Promised Land up to the quicksouth from me and the Isles of the Blest and the creepingbent-grass sand-dunes of Tiree and the Rhinns ofIslay, it must be, nakedviewappearing straightup for just a moment or two and disappearing again in the sun going past and setting and Rockall appearing at last and all the destruction incantationapparitionprophesied by the Gaels in their weathereraseasontime long ago, not to come to mention Tuvulu and Paulu and Kiribati and Grenada.

This piece relates to COP26 in Glasgow where other poems of mine formed part of the exhibition by the artist Derek Robertson *From the Bird's Mouth*.

- Bob Dylan's first concert in almost two years was held at the Riverside Theater, Milwaukee on 2/11 <https://www.youtube.com/watch?v=yt-NH0WDuNY>. As well as most of the songs from his latest album *Rough and Rowdy Ways* being performed in concert for the first time, new twists and lyrics keep on appearing: in *Simple Twist of Fate* 'You should have met me back in '58/We could have avoided this little simple twist of fate' and in *Gotta Serve Somebody* 'You might be on the highway or the coast/You might be hallucinating/You might think you've seen a ghost'.
- I did an Interview about the film *Greengraylockdown* with Tristan Rosenstock on *An Cúinne Dána*, Radio na Gaeltachta <https://www.rte.ie/radio/rnag/an-cuinne-dana/> with recordings of the poems Na 'Bliadhnaichean' and 'Dùsgadh'. The event was also discussed in the *Irish Times* 11/11 and the podcast *Books for Breakfast* 13/11 with a recording of the piece 'Slacadaich'. The film of *Greengraylockdown* with images by Margaret Lonergan and music by Liam Grant is now available on YouTube. This year's IMRAM festival also included versions in Irish Gaelic of songs of John Prine, poetry of George Trakl and haiku of Issa. Another poetry film in which I am involved, *Pilgrimagetimetimejourney*, with images by Margaret and music by Seán Mac Erlaine will be shown as part of IMRAM on 12 December.

This was all here before once upon a time as the old man said. We've seen the Year of the Black Spring and the Year of the Yellow Snow. We've seen the Year of the Short Crops and the Year of the Short Barley, we've seen the Year of the Great Heat and the Year of the Burning. We've seen the Year of the Prince and we've seen the Year of the Sheep and we've seen the Year of the Disruption and the Year of the Potato Famine, we've seen the Year of the Religious Swooning and the Year of the Homecoming, we've seen the Year of the Black Diarrhoea and the Year of the Uig Flood, we've seen the Year of the Burnt Ships and that hourtime then the Year of the lolaire, all we have just now is the Year of the Lockdown of the World.

- I've received an invitation to take part in on-line literary event organised by Cercle littéraire irlandais, Paris on 16-01-2022 with other poets, including Tess Gallagher.




MAOILIOS CAIMBEUL, RELEASES HIS FIRST EVER COLLECTION OF SHORT STORIES

Maoilios Caimbeul [Myles Campbell] is a highly-acclaimed Scottish poet and author. He has won many prizes, including a Wigtown Prize, two Gaelic Book Council Prizes, and the National Mòd Bardic Crown and has been the Honorary Poet of the Inverness Gaelic Society since 2012.

Dòrlach Sìl is his first short story collection to be published. It gathers some of his most successful works, such as the short story 'An Clàigeann aig Damien Hirst', together with newer, as yet unpublished stories. Myles has previously published poetry collections and creative writing in anthologies and publications such as Steall and Northwords Now.

This collection spans time and space, from the tragic tale of a family removed from their home during the Clearances, a challenge between a reverend and a thief, and a trip to Mars and back. Maoilios Caimbeul explores themes of religion, science, and superstition in this witty and thought-provoking collection.



A' CHIAD CHRUINNEACHADH DE NA SGEULACHDAN GOIRID AIG MAOILIOS CAIMBEUL GA CHUR AIR BHOG

'S e sàr sgrìobhadair agus bàrd a th' ann am Maoilios Caimbeul [Myles Campbell] agus e air grunn dhuaisean a chosnadh thairis air na bliadhnaichean. Ghlèidh e Duais Wigtown, dà dhuis Comhairle nan Leabhraichean, agus chaithd a chrùnadh mar bhàrd a' Chomuinn Ghàidhealaich ann an 2002. Tha e air a bhith na bhàrd urramach aig Comann Gàidhlig Inbhir Nis bho 2012.

Seo a chiad uair a tha e air na sgeulachdan goirid aige a chruinneachadh, ged a tha cuid de sgeulachdan aige ri fhaighinn ann an cruinneachaidhean còmhla ri daoine eile agus irisean a leithid Steall agus Northwords Now. Tha Dòrlach Sìl a' toirt a steach cuid de na sean sgeulachdan as soirbheachail aige, mar 'An Clàigeann aig Damien Hirst' agus sgeulachdan ùra nach deach fhoillseachadh a-riamh.

Tha na sgeulachdan a' sìneadh gu iomadh tìr is àm, bho theaghach a chaidh a losgadh a-mach às an dachaigh aca anns an 19mh linn, dùbhlann eadar mèirleach agus ministear, agus turas gu Màrs agus air ais. Tha Maoilios Caimbeul a' tadhail air cuspairean os-nàdarra, saidheans is creideamh anns a' chruinneachadh seo, a' toirt air an leughadair a bhith a' smaoineachadh, agus aig amannan a bhith a' gàireachdainn.



BALLRACHD A' CHOMUINN

A bheil sibh n' ur ball den Chomunn Ghàidhealaich? Bidh buill a' Chomuinn a' faighinn lùghdachadh 50% air cosgaisean ticeadan a' Mhòid - 's e sàbhaladh mòr a tha seo dhuibh, gu h-àraidh ma bhios sibh a' frithealadh mòran thachartasan seachdain a' Mhòid.

Ma tha sibh airson ballrachd am bliadhna a phàigheadh no ma tha sibh airson ballrachd a thoirt a-mach tadhlaibh air:

www.ancomunn.co.uk

Ballrachd:

£15 (inbhich)
£5 (oileanaich)

JUSTGIVING

Ma tha sibh airson taic a thoirt dhan obair againn agus tabhartas a thoirt seachad, faodaidh sibh sin a dhèanamh tron duilleag JustGiving againn.



Donate to
An Comunn
Gaidhealach

AN COMUNN GÀIDHEALACH MEMBERSHIP

Are you a member of An Comunn Gàidhealach?

All members of An Comunn Gàidhealach receive a discount of 50% on Mod tickets - that's a big saving, particularly if you hope to attend a number of Mod events during the course of the week.

To renew your membership or to become a member, please login or register via the following link:

<https://enter.ancomunn.co.uk/>

Membership

£15 (adults)
£5 (students)

JUSTGIVING

Should you wish to support the work of An Comunn Gàidhealach, please feel free to make a donation via our JustGiving page.



SEÒLAIDHEAN PUIST-DEALAIN AIRSON BUILL A' CHOMUINN

Ma tha sibh nur ball den Chomunn Gàidhealach, bhitheamaid fada nur comain nan dèanadh sibh cinnteach gu bheil am fiosrachadh pearsanta agaibh ceart anns a chunntas agaibh.

Gheibh sibh a-steach dhan chunntas agaibh an seo: <https://enter.ancomunn.co.uk>

Gu sònraichte, dèanaibh cinnteach gu bheil seòladh post-dealain againn dhuibh, gus am bidh sibh a' faighinn fiosrachadh bhuainn.

Cuiribh fios gu peigie@ancomunn.co.uk airson tuilleadh fiosrachadh.

BÙTH A' CHOMUINN

Tha Bùth a' Chomunn Ghàidhealaich dùinte an dràsta don phoball ach 's urrainn stuth a cheannachd air-loidhne [an seo](#). Thoiribh suil agus ma tha càil ann a tha sibh airson a cheannach, gheibhear e an sin.

Tha Buill a' Chommuinn a' faighinn lughdachadh 10% air nithean sa bhùth. Ma tha sibh a' lorg rudeigin nach eil anns an stòr againn, cuiribh fios gu: peigie@ancomunn.co.uk

E-MAIL CONTACTS FOR AN COMUNN GÀIDHEALACH MEMBERS

If you are a member of An Comunn Gàidhealach, please check your details are correct in your online account.

You can access your account here:
<https://enter.ancomunn.co.uk>

Please ensure we have an email address for you, so that you will receive future correspondence from the organisation.

Please contact peigie@ancomunn.co.uk for further information.

AN COMUNN GÀIDHEALACH SHOP

The An Comunn Gàidhealach Shop is closed to customers but our online facility is available [here](#). Have a browse and if you see anything you fancy, you can order it there.

Members of An Comunn Gàidhealach receive a 10% discount. If you are looking for something in particular, but cannot see it on our website, please do not hesitate to contact us:

peigie@ancomunn.co.uk



...Mòd

MÒD Pheairt Perth 2022 •

14-22 den Dàmhair 14-22 October





SUIRBHIDH YOUNG SCOT

Tha sinn airson do bheachdan a chluinntinn mun Ghàidhlig agus mar a tha thu airson a chleachdadh air-loidhne!

Gheibh luchd-freagairt an t-suirbhidh cothrom eàrlas Love2shop £50 a bhuanachadh cuideachd!

Lòn an t-suirbhidh

<https://survey.alchemer.eu/s3/90400622/9ba2df5d1052>

YOUNG SCOT SURVEY

We want to hear YOUR thoughts about the Gaelic language and how you want to see and use it online!

You don't have to be a Gaelic speaker to answer this survey (we want to hear from everyone!) and after you complete the survey you'll be entered for a chance to win a £50 Love2shop voucher!

<https://survey.alchemer.eu/s3/90400622/9ba2df5d1052>

SUIRBHIDH AIR-LOIDHNE ONLINE SURVEY



#YS Gaelic

05/12/21
at 11am



Coffee and Stroll with Cultarlann

We will be meeting at the Ness Walk Kiosk and
walking around the Ness Islands.



Join us for a walk, chat and coffee!

CULTARLANN INBHIR NIS

Seo an t-àm airson tòiseachadh air prèasantan Nollaig a' cheannach!

Tha sinn air bhioran mun mhargaid againn! Bidh tòrr rudan brèagha ri cheannach – agus cuid dhiubh le Gàidhlig orra cuideachd!

Ceangal an seo - <https://fb.me/e/1Y85T5RJ1>

CULTARLANN INBHIR NIS

Now is the time to start buying your Christmas Presents!

We are so excited about our Christmas market! There will be lots of fabulous products available to buy – and many of them with Gaelic on them too!

Event link - <https://fb.me/e/1Y85T5RJ1>

Feill na Nollaig

Christmas Fair with
Cultarlann Inbhir Nis

Saturday 11th of December

2-4pm

Inverness Cathedral Hall,
11 Kenneth Street.

Gàidhlig books · Christmas cards · Eco soaps · Bilingual calendars · Wreaths and decorations · Gàidhlig baubles · Tombola · Guess the sweets in the jar · Lucky dip · Baking · And lots more!

Music by young, local musicians!



Cultarlann Inbhir Nis is a registered Scottish Charity : SCO50549

Companies House registration number : SC653865

Please note:
CASH ONLY!

Dihaoine 3 Dùblachd, 4 - 4.45f



CAFE BHEAIRTEIS



Friday 3 December, 4 - 4.45pm

Cafe Gàidhlig air loidhne air a stiùireadh le òigridh airson a h-uile duine aois 12 - 26.

Weekly online Gaelic conversation cafe led by young people and open to everyone aged 12 - 26 with all levels of Gaelic.



Aoigh na seachdain-sa:
Fiona NicGillFhinnein

*This week's guest:
Fiona MacLennan*

tinyurl.com/cafeoigridh

#cleachdi
aigantaigh



'S i Fiona NicGilleFhinnein a tha na nurs ann an Obar Dheathain a bhios air aoigheachd ar Cafe còmhraidih Dihaoine 'S ann à Beinn a Faoghla a tha Fiona bho thùs.

<https://tinyurl.com/cafeoigridh>

This week's guest of our youth-led Cafe is Fiona MacLennan of Benbecula and works as a nurse in Aberdeen

<https://tinyurl.com/cafeoigridh>

Thèid an ath Chunntas-Sluaigh a chumail sa Mhàirt 2022. 'S e seo a chiad trup a thèid a chumail gu digiteach. Feuch nach caill sibh an cothrom pàirt a' ghabhail.

Thèid coinneamh air-loidhne a chumail Diciadain 01 Dùblachd gu h-àraid airson fiosrachaидh do dhaoine le Gàidhlig. Ma tha uidh agaibh pàirt a ghabhail, bruthaibh air an lionc seo:

<https://bit.ly/AwarenessSession22>

Scotland's next census will be held in March 2022. This event will give you information on how the census will be delivered, how you can help get messages to, and support, communities to take part and be counted. There will also be time for a Q & A session at the end.

An online meeting will be held on Wednesday 1st December specifically for information for Gaelic speakers. If you are interested in taking part, please click on this link:

<https://bit.ly/AwarenessSession22>

Cunntas-sluaign na h-Alba 2022 - Seisean Mothachaidh

Scotland's Census 2022 - Awareness Session





COLMCILLE 1500: A JOURNEY THROUGH IRELAND & SCOTLAND

COLMCILLE 1500: TURAS TRÍD ÉIRINN & ALBAIN

COLMCILLE 1500: TURAS TRO ÉIRINN & ALBA

SAVE THE DATE

CELEBRATING THE LIFE AND TIMES OF COLMCILLE

06

DAY

12

MONTH

21

YEAR

Live-streamed to a Global Audience |
Guest Experts | Videos | Live Panel Discussion

[REGISTER NOW](#)

Obraichean Gàidhlig

MUR DEIDHINN

Chaidh Obraichean Àgidhlig a stèidheachadh ann an 2016 airson sanasan-obrach ri linn na Àgidhlig a shanasachd air-loidhne. Bhon uair sin, tha còrr is 1,000 dreuchdan Àgidhlig air a bhith ri fhaighinn air feadh na h-Alba.

OBRAICHEAN

Faic na h-obraichean a tha ri fhaighinn an-dràsta agus dèan tagradh.

CLÀRAICH

Clàraich leinn airson cunntas-bheatha, rabhaidhean no chomharrachean a dhèanamh.

DÈAN SANAS-OBRACH

Cuir sanas-obrach air an làrach saor an-asgaidh 's lorg luchd-tagraigdh.

CUAIRT-LITIR

Clàraich airson ar chuairt-litir 's gheibh thu fios air obraichean ùra.

OBRAICHEAN ÀRIDHЛИG RI FHAIGHINN AN-DRÀSTA

Gheibh sibh an seo na h-obraichean Àgidhlig a tha air an sanasachd an-dràsta air feadh na h-Alba.

[Obraichean / Jobs > Obraichean Àgidhlig](#)

ABOUT OBRAICHEAN ÀRIDHЛИG

Obraichean Àgidhlig was founded in 2016 to help advertise Gaelic job vacancies online. Since then, over 1,000 positions have been advertised from across Scotland.

JOBS

See what jobs are currently available and apply.

SIGN UP

Register on the site to create a CV, alerts or bookmarks.

POST A JOB

Post your job on the site for free and find applicants quickly.

NEWSLETTER

Sign up to our newsletter to get new jobs to your inbox when they're posted

GAEILIC JOBS AVAILABLE RIGHT NOW

Here you'll be able to find all of the Gaelic jobs listed right now across Scotland.

[Obraichean / Jobs > Obraichean Àgidhlig](#)






3 airson 2 air leabhraichean chloinne suas gu àm
na Nollaig!

Cha leig sibh leas còd!

<https://acairbooks.com/product-category/books/children/>



3 for 2 on all kids books up until Christmas!

Worldwide shipping except EU. No code needed -
offer is automated at checkout!

<https://acairbooks.com/product-category/books/children/>

www.acairbooks.com

Tha na leabhraichean Cora bho Theatre Gu Leòr a-nis rin ro-òrdachadh! Chaith am film seo a dhèanamh cuideachd do chloinn mu dheidhinn nan leabhraichean airson Seachdain Leabhraichean na h-Alba. Thoir sùil!

Caiptean Cora (£5.99) - <https://bit.ly/3HBWKVs>
Cora - Gaisgeach nan Gràineag (£5.99) -

<https://bit.ly/3HARdi0>

<https://youtu.be/7wYcxYitS28>

Theatre gu Leor's new Cora books can now be pre-ordered from The Gaelic Books Council's website. They also made this short film for kids about the books for Book Week Scotland.

Caiptean Cora (£5.99) - <https://bit.ly/3HBWKVs>
Cora - Gaisgeach nan Gràineag (£5.99) -
<https://bit.ly/3HARdi0>

<https://youtu.be/7wYcxYitS28>



A' lasadh litreachas na Gàidhlig

Inspiring Gaelic Literature

Thoir sùil air ar làraich-lìn ùr!
www.gaelicbooks.org



Comhairle nan
Leabhraichean
The Gaelic Books Council





gràmar-g

stiùireadh air cleachdadadh
an latha an-diugh

www.gramar-g.scot



App Mothachais

- Fois is sàmhchair
- Fòcas
- Coibhneas & taingealach
- Faireachdainnean mòra
- Eacarsaichean analachaidh
- Abairt an latha



Goireasan Gàidhlig

Goireasan Gàidhlig dhuinn uile
www.gaelic.education

Abair Abairtean!

Gaelic flashcard app



Phrases to use around the house

- ★ Phonetic pronunciation alongside the Gaelic and English translations
- ★ Audio files for each phrase



FAIC AM FACAL



<https://www.facebook.com/storlann/>



#cleachdi
aigantaigh

OIFIS INBHIR NIS

Àrd-oifigear:

Seumas Greumach

Oifigear a' Mhòid:

Seonag Anderson

Oifigear Thachartasan agus

Chonaltraidh Digiteach:

Rowan NicPhàdraig

An Comunn Gàidhealach
Taigh Bhaile an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR

Fòn: 01463 709 705

Post-d: seonag@ancomunn.co.uk

OIFIS STEÒRNABHAIGH

Rùnaire a' Chomuinn:

Peigi NicLlinnein

Oifigear a' Mhòid:

Marina NicAoidh

(pàirt-ùine)

An Comunn Gàidhealach

Aonad 7a

7 Sràid Sheumais

Steòrnabhagh

Eilean Leòdhais

HS1 2QN

Fòn: 01851 703 487

Post-d: peigie@ancomunn.co.uk

